

GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

'S urrainn dhomh sealltainn cuin agus ciamar a thàinig a' Ghàidhlig a dh'Alba an toiseach.

- Dèan mapa mòr de dh'Alba agus Èirinn, a-muigh no air an làr.
- Bidh feadhainn aca mar Ghàidheil, agus seall iad a' tighinn à ceann a tuath na h-Èireann a dh'Alba sa 5mh linn.
- Bidh feadhainn eile – na Cruithnich – gu tuath is chun an ear. Feumaidh na Gàidheil an uair sin putadh dhan talamh acasan.
- Bidh feadhainn eile – na Breatannaich – san iar-dheas. Tha na Gàidheil a' gabhail thairis an seo cuideachd.
- Mu dheireadh, tha na Gàidheil a' gabhail thairis dùthaich nan Anglach san ear-dheas.
- Anns an 10mh linn, bha crìochan Alba an ìre mhath mar a tha iad an diugh.

Gheibh mi air beachdachadh air na rudan a chuir às dhan Ghàidhlig anns a' mhòr chuid de dh'Alba

- Dèan cairtean le ainmean is deitichean nam prìomh rudan a chuir às dhan Ghàidhlig – me, cànan na cùirte ag atharrachadh gu Fraingis nan Nòrmanach, Inglis a' faighinn làmh-an-uachdair, an t Ath-leasachadh, achdan pàrlamaid, Blàr Chùil Lodair, Fuadach nan Gàidheal, a' Chiad 's an Dàrna Cogadh, msaa.
- Bheir cairt do gach sgoilear.
- Feumaidh iad tighinn a-mach ann an òrdugh nan deitichean.
- Nuair a thèid iad ann an òrdugh, feumar còmhradh a dhèanamh mu dheidhinn an tachartais, airson sealltainn mar a lagaich e a' Ghàidhlig.

Tha fhios agam air cuid dhe na h-àiteachan far am faigh mi air Ghàidhlig a chluinntinn agus a chleachdadh ann an Alba an-diugh.

- Rannsaich obair Bòrd na Gàidhlig (BnaG).
- Bruidhinn ri oifigear bho BnaG no bho Chomann na Gàidhlig (CnaG).

- Faigh a-mach dè na h-àiteachan eile ann an Alba a tha a' tabhann foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.
- Dèan liosta de dh'fhèisean is de mheadhanan craolaidh a tha a' cleachdadh na Gàidhlig.
- Gabh tlachd anns a' chlas, gu bheil Gàidhlig agaibh.
- Cluich geamannan leis a' chànan, a' cleachdadh Gamag bho e-Stòras.

CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

An dùil carson a ghluais na Gàidheil a-mach à Èirinn?

An e rud math a bh' ann gun do chruthaich iad rìoghachd na h-Alba?

Ciamar a tha thu a' faireachdainn mu dheidhinn crìonadh na Gàidhlig?

Saoil am b' urrainn stad a chur air?

A bheil thu toilichte a bhith a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig?

Dè na buannachdan a th' ann dhut?

Dè dh'fheumas tachairt airson dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig beò san àm ri teachd?

EÒLASAN IS BUILEAN

'S urrainn dhomh fianais eachdraidheil a mhineachadh bho dhiofar amannan, airson mo chuideachadh a' faighinn dealbh cheart de dhualchas na h-Alba agus den òrdugh anns an do thachair rudan.

SOC 2-02a

'S urrainn dhomh cuspair eachdraidheil Albannach a rannsachadh, gus faighinn a mach mar a tha tachartasan àraidh no obair dhaoine no bhuidhnean fa leth air cruth a thoirt air coimhearsnachd na h-Alba.

SOC 2-03

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.

SOC 2-06a

CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

http://www.bbc.co.uk/voices/multilingual/scots_gaelic.shtml

<http://www.gaidhlig.org.uk/bord/>

<http://www.e-storas.com/>

<http://acgmod.org/>

<http://www.ancomunn.co.uk/>

<http://www.bbc.co.uk/alba>

